



Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

Cuairt-litir/Newsletter 18

An t-Samhain/November 2009



Dè tha dol?/What's new?

Clubaichean Àm Dìnnearach

Air an teirm seo bidh sinn a' feuchainn ciamar a dh'obraicheas clubaichean àm dìnnearach (cluiche a-staigh le structar) mar leudachadh do chleasan an raoin-chluich airson Clasaichean 1-3. Thèid cuireadh a thoirt do mheasgachadh de sgoilearan, cha tèid do na sgoilearan air fad, gus com-pàirt a ghabhail is cumaidh sinn fios ribh mu adhartas.

Lunchtime clubs

This term we are trialling lunchtime clubs (structured indoor play) as an extension to playground activities for P1-P3. A variety of pupils, not all pupils, will be invited to take part and we will keep you informed of progress.

Dealbhadair - gus cur nur cuimhne

Bidh dealbhadair na sgoile san sgoil fad an latha air Diciadain 4 Samhain gus dealbhannan teaghlaich agus sgoilearan fa leth a thogail.

Photographer - reminder

The school photographer will be in school all day on Wednesday 4th November to take family and individual photographs.

Thig a Chèilidh air Clas 2 gu 7 - gus cur nur cuimhne

Tha cuireadh cridheil air pàrantan sgoilearan ann an Clas 2-7 gus tadhal air na clasaichean air Diardaoin 5mh den t-Samhain eadar 2f is 3f. 'S e deagh chothrom a tha seo ionnsachadh mu na goireasan a tha againn agus an t-ionnsachadh inntinneach a tha a' tachairt fhaicinn.

Come and visit Primary 2-7 - reminder

We are pleased to invite you into school to visit your child's class on Thursday the 5th of November between 2pm and 3pm. This is an opportunity to learn a little about the resources we use and the learning that is taking place.

Coinneamh Curaicealaim Clas 1 - gus cur nur cuimhne

Thathar a' toirt cuireadh do phàrantan P1 uile tighinn gu coinneamh neo-fhoirmeil mun churaicealam is an uair sin tadhal air a' chlas air Diciadain 11 Samhain aig 2f.

Primary 1 Curriculum Meeting - reminder

All Primary 1 parents are invited to attend an information meeting about the curriculum and then visit their child's class on Wednesday 11th November at 2pm.

Buidheann obair-dachaigh

Tha a' bhuidheann obair-dachaigh a' tòiseachadh air Diluain 09/11 3.15 - 4.30.



Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

Cuairt-litir/Newsletter 18

An t-Samhain/November 2009



Homework Club

The homework club starts on Monday 09/11 3.15 - 4.30.

Soirbheachadh agus Coileanadh/Successes and Achievements

Am Mod Nàiseanta

Bu toil leinn meal an naidheachd a chur air na sgoilearan uile againn a ghabh com-pàirt aig a' Mhòd Nàiseanta san Òban, rè saor-làithean an Fhoghair. Shoirbhich le mòran is tha sinn moiteil àsta uile!

Royal National Mod

We would like to congratulate all our pupils who performed in the National Mod in Oban, during the October break. There were many success and we are very proud of all of those who took part!

Fiosrachadh/Information

Sgioba Ball-coise - trèanadh

Tha sinn uabhasach fhèin toilichte fàilte a chur air Calum Fearghasdan, o Àrd-sgoil Rìoghail Inbhir Nis, a tha tighinn gar cuideachadh le coidseadh ball-coise. Tha an trèanadh airson nigheanan agus balaich ann an Clas 5-7, a h-uile Dihaoine eadar 3.15 agus 4.45f, a' tòiseachadh air 06/11/09.

Cuideachadh!

Tha e uabhasach fhèin cudromach gum faigh sinn daoine a bhios deònach taic a thoirt do Chalum no chan urrainn dhan trèanadh tachairt. Ma tha ùidh agaibh, is sibh deònach sgrùdadh Disclosure fhaighinn cuiribh fios gu Mrs Wells.

Football Training

We are very pleased to welcome Calum Ferguson, S3 Pupil in the IRA, to BSGI as our new football coach. Training for boys and girls will be each Friday between 3.15 and 4.45pm, starting 06/11/09.

Seeking Parent helpers!

Would you be interested in supporting Calum in coaching our school football team after school on Fridays? No knowledge of football required! If so, and you are happy to have a Disclosure Scotland check, please contact Mrs Wells.

Crom-lus

An ath sheachdainn bidh cothrom aig a' chloinn crom-lusan fhaighinn san sgoil is tabhartasan beaga a chur ris an Scottish Poppy Appeal.

Scottish Poppy Appeal

Poppies will be available to pupils next week should they wish to offer a small donation to the Scottish Poppy Appeal.